

## Cò a dh'fhaodas Giorrachadh air Fios Bunaiteach a chruthachadh?

- Faodaidh dotair an teaghlaich agaibh Giorrachadh air Fios Bunaiteach a chruthachadh dhuibh.
- Dh'fhaodadh seo tachairt an déidh dhuibh na feumalachdan is an suidheachadh a thaobh leigheis a dheasbad le dotair an teaghlaich agaibh.
- Faodaidh sibh iarraidh air ur muinntir no air an luchd-chùraim agaibh dol an sàs anns an deasbad seo.
- Faighnichidh an dotair-teaghlaich a bheil sibh ag aontachadh gun tèid an Giorrachadh air Fios Bunaiteach agaibh a chur gu luchd-obrach NHS an taobh a-muigh ionad dotair an teaghlaich agaibh.
- Uaireannan, bidh an lagh a' leigeil le NHS fiosrachadh pearsanta mu shlàinte a sgaileadh gun chead, mar eisimpleir gus leanabh no inbheach so-leònte a dhìon bho chron.

## Am faod mi copaidh den Ghiorrachadh air Fios Bunaiteach agam fhaicinn?

- Faodaidh sibh copaidh den Ghiorrachadh air Fios Bunaiteach agaibh iarraidh air dotair an teaghlaich agaibh.
- Ma tha sibh den bheachd gu bheil fiosrachadh sam bithe sa Ghiorrachadh air Fios Bunaiteach agaibh ceàrr, faodaidh sibh

iarraidh air ionad dotair an teaghlaich agaibh gun tèid atharrachadh.

## Cò a dh'fhaodas an Giorrachadh air Fios Bunaiteach agam atharrachadh?

- An-dràsta, chan fhaod ach ionad dotair an teaghlaich agaibh seo a dhèanamh.
- Bu choir dhuibh innse do dhotair an teaghlaich agaibh ma dh'atharraicheas fiosrachadh sam bithe mur deidhinn – mar eisimpleir, ur n-ainm, ur seòladh no ur n-àireamh-fòn.
- San àm ri tighinn, faodaidh gum bi e comasach dhuibh no do luchd-obrach slàinte eile atharrachaidhean a dhèanamh air a' Ghiorrachadh air Fios Bunaiteach agaibh.

## Ciamar a gheibh mi a-mach barrachd?

Airson barrachd fiosrachaidh mun Ghiorrachadh air Fios Bunaiteach, tadlaibh air làrach-lìn NHS 24:  
<http://www.nhs24.com/Explained/MyInfoNHS24>

# An Giorrachadh air Fios Bunaiteach agad (Your Key Information Summary)

Dè tha e a' ciallachadh dhuibh?

## Dè na tha ann an Giorrachadh air Fios Bunaiteach (Key Information Summary)?

- Tha Giorrachadh air Cùram-èiginn (Emergency Care Summary) aig a' chuid as mothà de dh'euslaintich ann an Alba a-nis. Tha fiosrachadh bunaiteach an seo mun t-slàinte agaibh (mar eisimpleir, a' chungaidh-leigheis agaibh) a dh'haodadh cuideachadh ri luchd-obrach NHS ma bhios agaibh air cùram-leigheis ann an èiginn nuair a bhios ionad dotair an teaghlaich agaibh dùinte no ma thèid sibh gu roinn thubaistean is èiginn (A&E).
- Thathar a' breacadh a' Ghiorrachaидh air Cùram-èiginn agaibh bho rian-coimpiutaireachd dotair an teaghlaich agaibh agus ga ghleidheadh gu dealanach.
- Sa Giorrachadh air Fios Bunaiteach bidh am fiosrachadh air fad mun Giorrachadh air Cùram-èiginn agus fiosrachadh a tha sibh ag iarraidh a bhith ag luchd-obrach NHS a' gabhail cùraim oirbh. Mar eisimpleir, fiosrachadh air:
  - an cor-leigheas agaibh agus làimhseachadh
  - an cùramaiche agaibh – aimis is àireamh-fòn
  - iarrtasan sam bith a dh'haodadh a bhith agaibh mun làimhseachadh agaibh
  - far am b' fheàrr leibh cùram fhaighinn
  - iarrtasan sam bith a dh'haodadh a bhith agaibh a

thaobh mar a thèid cùram a thoirt dhuibh.

## Cò a dh'haodas sealltainn air a' Giorrachadh air Fios Bunaiteach agam?

- Thèid an Giorrachadh air Fios Bunaiteach agaibh a ghleidheadh aig ionad dotair an teaghlaich agaibh. Thèid a chur gu luchd-slàinte eile an sàs ann an cùram dhuibh dìreach ma dh'aontaicheas sibh ri seo.
- Ma tha feum agaibh air cùram-leigheis ann an èiginn, faodaidh luchd-obrach NHS a' toirt cùraim dhuibh sealltainn air a' Giorrachadh air Fios Bunaiteach agaibh. Mar eisimpleir, dotairean, luchd-altraim, luchd taic-leigheis, luchd-obrach ann an ionadan uairean far na h-obrach, agus ann an taighean-eiridinn (roinnean thubaistean is èiginn (A&E) agus Inntrigidhean-èiginn nam measg). Nuair a dh'fhònas sibh NHS 24, faodaidh na h-altraman-comhairle sealltainn air a' Giorrachadh air Fios Bunaiteach agaibh.
- San àm ri tighinn, faodaidh gum bi cead aig sgioba charbadan-eiridinn sealltainn air a' Giorrachadh air Fios Bunaiteach agaibh cuideachd.

## Ciamar a bhios fios agam gu bheil am fiosrachadh anns a' Ghiorrachadh air Fios Bunaiteach agam tèarainte?

- Gleidhidh an NHS an Giorrachadh air Fios Bunaiteach agaibh gu dealanach a rèir nan inbhean as àirde a thaobh tèarainteachd.
- Chan fhaod ach luchd-obrach an sàs ann an cùram dhuibh sealltainn air a' Giorrachadh air Fios Bunaiteach agaibh.

## Cò dha a tha an Giorrachadh air Fios Bunaiteach?

Dh'haodadh sibh buannachd fhaighinn bho Ghiorrachadh air Fios Bunaiteach mas e:

- gu bheil cor-leigheis air a bhith a' cur oirbh fad ùine fhada, gu sònraichte ma ghabhas sibh mòran cungaидh-leigheis agus ma chì sibh luchd-sònraichaidh eadar-dhealaichte
- gu bheil feum agaibh air neach-cùraim no ball den teaghlaich gus ur cuideachadh aig an taigh
- gur dòcha gum bi feum agaibh air cùram aig an deireadh-sheachdain no aig uairean far na h-obrach
- gur dòcha gum bi e doirbh dhuibh bruidhinn air ur son fhèin ann an èiginn seach gu bheil sibh tinn, no gu bheil duilgheadas agaibh a thaobh conaltraidh no cuimhne, ceist mu shlàinte-inntinn no ciorram a thaobh ionnsachaidh.